

10 Samhainn 2006

Peadar Morgan
Language Planning Manager
Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
INBHIR NIS
IV2 7PA

Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig

Deagh thapadh leibh dha-rìreabh agus gu bheil sinn air cuireadh fhaighinn gus beachdan Fòram Gàidhlig Inbhir Nis a thabhainn mar phàirt dhen a cho-chomhairle air a' Phlana Nàiseanta agus an dreachd Stiùireadh do bhuidhnean poblach.

Bu chaomh leinn ar taing a thoirt do na buill agus na luchd-obrach aig Bòrd na Gàidhlig, chan eil teagamh gu bheil sibh uile air an t-uamhas de dh'obair a dhèanamh gus cuisean a thoirt gu an ìre seo. Chan urrain do neach air bith a chantainn nach eil a Phlana a gabhail a-steach gach nì a bhuineas do leasachadh na Gàidhlig.

Mar samhail dhen seo, tha am Plana a-mach air a' Ghàidhlig, 'le meudachadh anns an àireamh air a bheil i mar chànan mhàthaireil', agus, 'rannsachadh brosnachail, beachdail, siadhg-chànanach, sòiseo-cànanach, agus sòiseo-eaconamach den choimhearsnachd agus beatha an teaghlaich'. Tha Fòram Gàidhlig Inbhir Nis, a-rithist, a gabhail ris na tha seo gu mòr.

Bu chaomh leinn bruidhinn air diofar chuspairean, nar beachdne, a dh'fheumas beagan a bharrachd cuideam gus Plana èifeachdach, soirbheachail, brìgheil a' chruthachadh gus Gàidhlig a chuir dha-rìreabh an suidheachadh seasmhachd, fèin-fhoghainteach is fallain.

Is iad:

- 1. Togail ginealach ùr aig am bheil a' Ghàidhlig bho thùs mar chànan-mhàthaireil**
- 2. Togail mothachadh, aire is aithne air a' Ghàidhlig am measg a mhòr-shluaigh**
- 3. Cuir air dòigh Plana le sealladh fad-ùine dàna, simplidh is soilleir le targaidean**
- 4. Neartachadh na Gàidhlig aig ìre ionadail is ìre coimhearsnachd**
- 5. Cuir air bhog siostaman foghlaim a bheiridh luchd-ionnsachaidh gu ìre fileanta**

1. Ginealach ùr leis a' Ghàidhlig mar chànan-mhàthaireil

Am measg a h-uile nì a' bhuineas do shuidheachadh na Gàidhlig, chan eil càil a tha cuir a bharrachd de dhragh oirnn ach cho ghann agus a tha na daoine òga là-an-duigh a bhruidhneas a' Gàidhlig bho thùs, gu nàdarrach, gu fileanta cach a chèile. Tha seo fìor am measg eadhon daoine òga a tha air èirigh anns na coimhearsnachdan Gàidhlig. Gu mì-fhortanach, tha fios againn cuideachd gur fiùs am measg sgoilearan an fòghlam tre mheadhan na Gàidhlig gur e glè ainneamh a bhitheas iad a' bhuidheann a' chànan cach a chèile taobh a-muigh nan sgoiltean.

Sann a tha e èiginn air a' Phlana Nàiseanta dèiligeadh ris an duiligheadas seo gu bunaiteach. Dè dìreach a tha dhith oirnn gus Gàidhlig a chuir air bilean pàistean is clann òga gus an tog iad a' chànan gu fileanta mar chànan-mhàitheireil? Feumaidh am Plana Nàiseanta ro-innleachdan is sgeamaichean a lorg a bheiridh do phàrantan comhairle is taic pearsanta, fad-ùine gus an urrainn dhaibh an cuid cloinne togail anns, is leis, a chànan.

Is ged cudromach a bhì neartachadh a chultar a bhuineas don a chànan, feumaidh sinn cuimhneachadh gu bheil fìor chultar Ghàidhlig ag èirigh bho luchd na Gàidhlig. Leis a sin, tha sinn ciallachadh nach bì fìor chultar na Gàidhlig beò mura h-eil againn daoine a bhruidhneas a' Ghàidhlig bho thùs agus a smaoinichas 's a chruthaicheas smuaintean is ealain bhon sealladh sonraichte Gàidhealach ac.

2. Togail mothachadh, aire is aithne air a Ghàidhlig am measg a mhòr-shluaigh

Tha e na cùis nàire dhuinne ann an Alba bhos, gu bheil a mhòr-shluaigh cho, cho aineolach mu dheidhinn a Ghàidhlig, mu eachdraidh na Gàidhlig air feadh Alba, agus mar a tha a' Ghàidhlig a bunntain ris, an ìre mhath, gach ceàrnaidh dhen dùthcha. Chan e gu bheil againn latha an duigh mì-rùn nan Gall, ach gu bheil againn rud beag de mhì-rùn measg muinntir na Gàidhealtachd fhèin, is abair cron a tha seo a dèanamh air ar n-oidhirpean gus piseach a dhèanamh air cor na Gàidhlig.

Tha sinn an Inbhir Nis cho cleachdte ri muinntir a' bhaile is fiùs 'uachdaran' a' bhaile is iad cuir sìos air a' Ghàidhlig is iad leis a bheachd nach buin i don a bhaile, is chan e ainneamh a chluinneas tu an aon seòrsa de bharrail air feadh Alba is air feadh na Gàidhealtachd.

Fhaodamaid aithne air a' Gàidhlig a thogail tro na meadhanan, is fhaodamaid inbhe na Gàidhlig a togail tre shoidhneachan is eile, ach chan eil teagamh sam bith againn gu bheil cruaidh fheum againn eòlas air a chanan agus a cuid dualchas is eachdraidh a thogail tron a siostam fhoghlaim. Is ged cudromach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tha coir aig gach sgoilear an Alba, air neo co-dhiù air a' Ghàidhealtachd, oideachadh fhaighinn air a chànan agus anns an dualchas. Ma tha sinn gu fìrinneach a feuchainn ri Plana Nàiseanta a chuir air bhog is gun 'bunaidh e dhan choimhearsnachd Ghàidhlig agus dhan **choimhearsnachd Albannach gu lèir**', feumamaid dèanamh às leis na tha ann là-an-duigh de dh'aineolas is de mhì-rùn sa tha againn nar n-aghaidh.

A chum gus aire thogail measg a mhòr-shluaigh a thaobh na Gàidhlig tha sinne leis a bheachd gum b'fhaich e iomairt-shanasachd, nàiseanta, feartach, dàna agus 'high-profile' a chuir air dòigh thairis air co-dhiù beagan mìosan. Is mathaid cuideachd gum bhiodh e freagarrach seo a dhèanamh an ath bhliadhna mar phàirt dhen Bhliadhna Ghàidhealach 2007.

Tha sinn cuideachd gu mòr leis a bheachd gum b'fhaich e Là na Gàidhlig a chruthachadh a fhaodas comharrachadh an Alba, agus/air neo Là nan Cànan Breatannach son comharrachadh air feadh an UK.

3. Plana Nàiseanta fad-ùine, dàna, simplidh, soilleir is le targaidean

Bhon a thàinig Bòrd na Gàidhlig gu bì, is bhon a fhuair sinn Achd na Gàidhlig, tha seòrs de fhaireachdainn ann is nach eil ann a-nis uiread de fheum airson a bhì strì agus airson a bhì putadh gus piseach a thoirt air cor na Gàidhlig. Cha chreid sinn nach eil faireachdainn ann gum b'urrainn dhuinne a-nis suidhe air ais gus an leigeamaid do Bhòrd na Gàidhlig a h-uile but obair a dhèanamh, agus nach leig sinne leas a-nis ar dìcheall de dh'oidhirp a dhèanamh.

Mar a fios againn ge-tà, chan e deireadh na cùise a tha seo, chan eil sinne ach aig dèireach an toiseach, as dèidh ar ciad cheumanna a ghabhail. Sann a tha sinn lorg bhon a Phlana ach gairm a bheireas dhuinne dòchas is spionnadh is bheireas dhuinne amasan soilleir, dàna, misneachail.

Feumaidh am Plana a bhì soilleir nach eil Bòrd na Gàidhlig dìreach gu bhì manaidseagadh crìonadh na Gàidhlig, ach gu bheil iad gu bhì toirt atharrachadh air cuisean agus gu bhì sìor fhàs na Gàidhlig is gu bheil sinn aig amas suidheachadh fallain, seasmhach thairis air an fhad-

ùine. Tha fhios nach tig cus atharrachadh air cùisean as dèidh còig bliadhna, smathaid nach tig na tha siud de dh'atharrachadh as dèidh deich bliadhna, ach sann a tha sinn feumail air misneachd gun tig beagan atharrachadh air cùisean thairis air an fhad-ùine, is bhiodh e feumail fhèin nam bhiodh againn anns a' Phlana na bu choir dhuinne a bhi aig amas aig a cheann thall.

Smathaid gum bu choir dhuinne a shùileachadh ri 2050, ach bhiodh e feumail, nar beachdne, nam bheiridh am Plana Nàiseanta aig an ìre seo, agus e na chiad Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, dhuinne amasan suas, co-dhiù, gu can 2020.

A chum is gum bith sinn cinnteach gu bheil Gàidhlig air a slighe gu suidheachadh seasmhachd, fallain sann mholaidh sinne na leanas mar targaidean son an cunntas-shluaigh 2021

- **Comas Gàidhlig a' bhruidhinn air neo thuigse aig 200,000 neach an Alba**
- **Comas Gàidhlig a' bhruidhinn aig 20,000 neach eadar aois 3-19**
- **2,000 neach eadar aois 3-19 aig am bheil a' Ghàidhlig bho thùs mar chànan mhàthaireil**

4. Neartachadh na Ghàidhlig aig ìre ionadail is ìre coimhearsnachd

Tha fhios, le cho gann is a tha luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig, an tacais ris an obair a th'agaibh ri dhèanamh, gum bi e èiginn air a' Bòrd earbsa a chuir anns na coimhearsnachdan fhèin gus leasachadh a dhèanamh aig ìre coimhearsnachd.

Tha am Plana Nàiseanta ag aithneachadh dè cho cudromach agus a tha e gu bhi feuchainn ris a Ghàidhlig a bhrosnachadh aig ìre coimhearsnachd, is mur a h-eil i gu bhi beò aig ìre coimhearsnachd, cha mhòr gu bheil i gu bhi beò idir.

Tha sinn toirt misneachd is gu bheil am Plana ag aithneachadh planaichean ionadail is cho cudromach agus a bhitheas iad, mar a tha sinn faicinn is dùil ri fhaicinn an sgìre Inbhir Nis agus anns na h-Eileanan Siar. Tha buidheann mar Fhòram Gàidhlig Inbhir Nis feuchainn ri guth a thoirt do na Gàidheil is do luchd na Gàidhlig an sgìre Inbhir Nis, feuchainn ri iomairtean a thoirt air adhart (mar an iomairt son àrdsgoil Gàidhlig sa bhaile) is cuideachd a cuir tachartasan air dòigh. Tha e èiginn air Bòrd na Gàidhlig taic a chumail ri bhuidhnean mar an Fhòram gus na coimhearsnachdan Gàidhlig a chumail beothail, strì-mhòr is làidir. Feumaidh am Plana gabhail a-steach ro-innleachd agus maoin a tha furasta agus a tha freagarrach do bhuidhnean beaga, coimhearsnachd mar an Fhòram.

6. Siostaman foghlaim a bheiridh luchd-ionnsachaidh gu ìre fileanta

Tha aon dhe na duilgheadasan is motha a tha air a bhi aig a chànan, cho duilich agus a tha e luchd-ionnsachaidh thoirt gu ìre fileanta. Tha seo, uair is uair, air a bhi na adhbhar gearan son luchd-ionnsachaidh agus daoine aig am bheil ùidh anns a chànan. Cho fad 's is aithne dhuinne, is e glè bheag de luchd-ionnsachaidh a tha nis nan luchd-fileanta an tacais ri chànain eile.

A-rèir coltais, tha siostaman oideachaidh ann (m.e. Ùlpan) a tha nas èifeachdach na seann dòighean, agus mholamaid gum b'fhiach e an siostam seo fheuchainn gus am faigh sinn fuasgladh air a chùis.

Mar a thuirt sinn aig an toiseach ge-tà, tha sinn toirt dòchas mòr bhon a' Phlana agus tha sinn làn dùil gun soirbheach leis Am Plana Nàiseanta agus an dreach Stiùireadh, agus sinn coimhead air adhart gu suidheachadh ùr son a' Ghàidhlig agus i na pàirt àbhaisteach is luachmhor de bheatha làitheil air feadh Alba le bunait de choimhearsnachdan làidir Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sna h-Eileanan.

Leis gach deagh dhùrachd

Brian Ó hEadhra
Cathraiche – Fòram Gàidhlig Inbhir Nis